



Am Fìor Urr Nicola Sturgeon BPA/Rt Hon  
Nicola Sturgeon MSP  
Prìomh Mhinistear na h-Alba

Taigh Naomh Anndrais, Rathad Regent, Dùn Èideann EH1 3DG

Am Faoilleach 2021

Tha àm na Nollaige is na Bliadhna Ùire agus na seachdainean seo aig toiseach an Fhaoilich air dùbhlannan a thoirt dhuinn uile agus sinn a' feuchainn ri sgaoileadh a' choròna-bhìorais a lùghdachadh. Tha nochdadh an tionndaidh ùir a bhios a' sgaoileadh nas fhasa air toirt oirnn uile ceuman a bharrachd a ghabhail gus stad a chur air a' bhìorais a bhith a' gabhail grèim air Alba.

Tha na seachdainean o chionn ghoirid air a bhith doirbh, agus ged a tha dòchas air faire le toirt a-steach na banachdaich dhan fheadhainn as sine is as so-leònte, feumaidh sinn uile cumail oirnn a' leantainn ris na riaghailtean agus cuideachadh ri aghaidh a chur air a' choròna-bhìorais anns na coimhearsnachdan againn.

Tha e cudromach am bìorais a chumail fo smachd air iomadh adhbhar, a' bhuaidh air mar a thèid goireasan na slàinte againn a chleachdadh nam measg. Tha ìsleachadh ìrean a' bhìorais a' ciallachadh gum faodar barrachd den NHS againn a chleachdadh airson feumalachdan slàinte nach eil ceangailte ri COVID-19. Sna mìosan air toiseach, cumaidh seirbheisean NHS Alba orra a bhith fosgailte agus a' gealltainn cùram a thoirt dhan fheadhainn ann am feum. Gus a dhèanamh cinnteach gum faigh thu an cùram iomchaidh aig an àm cheart, leughaidh na bileagan an cois na litreach seo. Cuimhnich, tha an NHS ann gus cuideachadh a thoirt dhut nuair a tha feum agad air.

Chan urrainn dhomh mo thaing a chur ann am briathran dhut fhèin, agus dhan luchd-ghaoil agad, air sgàth na thug sibh mar ìobairt gus cuideachadh ri Alba tron ghalar seo gu ruige seo. Tha fios agam gu bheil e doirbh, ach is e gabhail nan ceum doirbh seo am prìomh inneal-cogaidh a tha againn an aghaidh a' bhìorais – gus ar beatha, ar slàinte agus ar n-obraichean a dhìon – gus am bi cothrom nas fhairsinge air a' bhanachdach airson a' choròna-bhìorais.

Aig toiseach prògram na banachdaich, thathar a' toirt prìomhachas dhan fheadhainn ann an taighean-cùraim do dh'ìnbhich nas sine (an dà chuid luchd-fuirich agus luchd-obrach) agus luchd-slàinte luchd-obrach cùraim shòisealta a' dèiligeadh ri euslaintich agus do dhaoine os cionn 80. Tha sinn a' dèanamh seo a rèir comhairle bhon Co-chomataidh mu Bhanachdaichean is Ion-dhìona/Joint Committee on Vaccinations and Immunisations (JCVI), gus dèanamh cinnteach gum faigh an fheadhainn as motha a tha an cunnart a' bhanachdach an toiseach. Tòisichidh banachdach do gach buidheann eile cho luath agus a bhios solar nas motha den bhanachdaich ri fhaotainn.

Tha NHS Alba a' moladh gu làidir gum faigh thu banachdach a' choròna-bhìorais agad cho luath agus a thèid a tabhann dhut. Is e an dìon as fheàrr an aghaidh a' choròna-bhìorais a tha ann – a' cuideachadh gus thu fhèin is an teaghlach agad a dhìon.

Tapadh leibh airson cumail ris, Alba.

**Nicola Sturgeon**  
Prìomh Mhinistear na h-Alba